

An deise-snàimh



An teacsa Lynne Burgess
Na dealbhan Anne Parsons
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnall a' dol a shnàimh.
Bha iad a' coiseachd chun an amar-shnàimh
còmhla ris an tidsear.



“Cuiridh mise orm an deise-snàimh
nas luaithe na thusa,” ars Anna.

“O, cha chuir thu,” thuirt Dòmhnall.



Ach cha robh sgeul air deise-snàimh Anna.
Choimhead an tidsear airson
deise-snàimh Anna, ach cha do lorg i i.
Cha robh i ann am бага Anna.



“O, Anna,” ars an tidsear.

“Chan fhaigh thu air snàmh an-diugh.

Mura bheil deise-snàimh agad chan urrainn dhut a dhol dhan amar-snàimh.”



Bha Anna uabhasach brònach.
Bha i ag iarraidh snàmh.



Chunnaic Anna Dòmhnall a' leum
sìos agus suas anns an amar.

“Seall ormsa,” dh’èigh e ri Anna.

Cha robh Anna toilichte nach
robh i fhèin san amar cuideachd.



An uair sin thug an tidsear fleòdragain
dhan chloinn.

Shnàmh Dòmhnall le fleòdragan.

“Seall ormsa,” dh’èigh e ri Anna.

Bha Anna airson a bhith
a’ snàmh cuideachd.



Ach an uair sin chaidh an tidsear a-null
gu Anna.

“Anna, dè tha mi a’ faicinn an siud?”
dh’fhaighnich i.

Choimhead Anna.

Bha a deise-snàimh oirre.



“O, Anna,” ars an tidsear.

“Chuir thu ort an deise-snàimh aig an taigh.

Bha e fod gheansaidh.

Nis faodaidh tu dhol dhan amar.”



Bha Anna uabhasach toilichte.

“Seall ormsa, a Dhòmhnaill,” thuirt i le gaire. “Nis faodaidh mi snàmh.”



Bha Anna agus Dòmhnall a' leumadaich
sìos agus suas anns an amar.



Shnàmh iad le na fleòdragain.



Shèid an tidsear an fhìdeag.

“Thigibh uile a-mach a-nis,” thuirt i.

“Cuiridh mise orm m’ aodach nas luaithe na thusa,” thuirt Dòmhnall ri Anna.

“Cha chuir thu,” thuirt Anna.

Chuir Anna oirre a
h-aodach cho luath
's a b' urrainn dhi.



Chuir Dòmhnall air
aodach-san cho luath
's a b' urrainn dha.





Thuirte Dòmhnall ri Anna,
“Bha mise na bu luaithe na thusa.”
Thug an tidsear sùil air Dòmhnall.
“Bha thu uabhasach luath,” thuirte i.
“Ach dè tha mi a’ faicinn an siud?”



Choimhead Dòmhnall sìos.

Bha an deise-snàimh air fhathast.

“O, a Dhòmhnail,” thuirt an tidsear.

“Chuir thu do bhriogais ort air
uachdar do dheise-snàimh.”